

LETHBHREAC DEN SGRÙDADH BLIADHNAIL 2016/17

STATISTEARACHD

Tha na h-àireamhan seo rim faicinn air feadh làrach-lìn an Ath-sgrùdaidh Bhliadhnail

- **629** Tachartasan anns an robh Prionnsa na Cuimrigh agus Bana-dhiùc na Còirn an sàs.
- **14,991** Litrichean agus cairtean a fhuair Prionnsa na Cuimrigh agus Bàna-dhiùc na Còirn.
- **61 million** Uairean a chaidh bhideothan a choimhead air sianal YouTube an Teaghlach Rìoghail.
- Tha Prionnsa na Cuimrigh air **424** carthannasan a stèidheachadh no na cheannard orra.
- **16,523** Mìltean a chaidh siubhal san Rìoghachd Aonaichte.
- **78** Cathraichean, bailtean mòra is beaga air an do thadhail Am Mòrachdan Rìoghail.
- **43** Dùthchannan air an do thadhail Am Mòrachdan Rìoghail.
- Fhritheil Am Mòrachdan Rìoghail **88** tachartasan nan cuid thursan thall thairis.
- **33,000** Mìltean a chaidh siubhal an cois thursan san Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis.
- **8** Dùthchannan air an do thadhail Am Mòrachdan Rìoghail.
- Tha Bana-dhiùc na Còirn na Pàtran no na Ceann-suidhe air **92** carthannasan.
- **£170 millean** Na chaidh a thogail le Carthannasan a' Phrionnsa am-bliadhna.
- **870,000** Àireamh de dhaoine òga a fhuair taic le Urras a' Phrionnsa bho 1976.
- Tha ceangal aig Am Mòrachdan Rìoghail le còrr is **30** aonad ann am Feachdan Armaichte Bhreatainn agus a' Cho-fhlaitheis.

GEÀRR CHUNNTAS

Le còrr is sia ceud dleastanas thairis air ochd dùthaich a' gabhail a-steach measgachadh de dhleastanasan Stàite, armailteach, creideimh is carthannais, tha Am Mòrachdan Rìoghail air prìomh amannan subhachais, cuimhneachaidh is meòrachaidh a chomharrachadh tron bhliadhna. Tro obair am buidhnean carthannais is taice tha iad cuideachd air coinneachadh ri daoine air leth sònraichte a tha an sàs ann an obair mhìorbhaileach.

'S e dreuchd An Teaghlaich Rìoghaile a bhith a' dèanamh seirbheis dhan dùthaich agus a bhith a' riochdachadh sluagh Bhreatainn is Nan Rìoghachdan ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte, nam measg a' comharrachadh cùisean nàiseanta is eadar-nàiseanta mar a thogas iad ceann. A thuilleadh air an cuid obrach a' toirt taic dha A Mòrachd A' Bhànrig na naochadamh bliadhna, thog Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc aire dhaoine gu dùbhlain bhon àrainneachd, co-cheangal sòisealta is litearrachd gu ceadachas creideimh, droch-dhiol san dachaigh agus fòirneart ghnèitheach. Fhuair iad cuideachd air amannan cudromach dhan dùthaich a chomharrachadh leithid na h-Oileampaigs ann an Rio, na Geamannan Eòrpach agus eadhon marathon ga ruith ann am fànas airson Urras a' Phrionnsa leis a' Mhàidsear Tim Peake.

Tha Carthannasan agus Stèidhean a' Phrionnsa air £170 millean a thogail sa bhliadhna seo a-mhàin. 'S e lèirsinn a' Phrionnsa agus maoinachadh bho a theachd a-steach pearsanta an cois Diùcachd na Còirne a dh'adhbharaich cruthachadh na carthannasan seo agus na h-iomairtean airson airgead a thogail. Tha Urras a' Phrionnsa am measg nan carthannasan sin a tha air luach £1.4 billean a chur ais don sporan phoblach tro a chuid taic le daoine òga a tha air ana-chothrom fhulang. Tha Taigh Dhùn Phrìs nam measg cuideachd a tha a' comharrachadh deich bliadhna am-bliadhna agus a-nis a' fastadh còrr is 200 daoine ann an obair làn-ùine is phàirt-ùine is e am fastaiche as motha taobh a-muigh na comhairle ann an Siorrachd Àir an Ear. Cha bhiodh mòran de na nithean seo comasach mura b' e maoinachadh a' Phrionnsa.

Thuir Prionnsa na Cuimrigh *“Am-bliadhna tha sinn air stad airson cuimhneachadh air amannan cudromach nar n-eachdraidh nàiseanta mar cuimhneachan ceud bliadhna Blàr an Somme agus tachartas uabhasach lèirsgrìos Aberfan bho chionn leth-cheud bliadhna.*

Nuair a thilleas sinn gu na mòmaidean sin bho làithean a dh'fhalbh, agus a lorgas sinn nithean ùra bho air feadh na dùthcha, tha mi fhìn is mo bhean an-còmhnaidh fo iongnadh agus air ar n-irioslachadh leis an obair mhìorbhaileach a tha uimhir de dhaoine air a dhèanamh airson math chàich.”

Londoner of the Decade

Ann an t-Sultain, chaidh an tiotal '*Londoner of the Decade*' a bhuileachadh air A Mhòrachd Rìoghail aig duaisean Progress 1000 leis an Evening Standard. Rinn Deasaiche a' phàipeir moladh air a' Phrionnsa agus air an dòigh fhad-ùineach aige air beachdachadh air cuspairean leithid atharrachadh sìde, tùsan bidhe, bith-iomadachd agus co-rèiteachadh sòisealta.

Shakespeare

Sa Ghiblean, thadhail Prionnsa na Cuimrigh air New Place, an dachaigh a bh'aig Uilleam Shakespeare na inbheach airson naoi bliadhna deug. Chunnaic Am Prionnsa taisbeanadh ùr co-cheangailte ri beatha teaghlach Shakespeare agus thadhail e air Eaglais Chràbhach na Trianaid far a bheil uaigh Shakespeare. Feasgar, bha Am Prionnsa, a tha na Cheann-suidhe air Companaidh Rìoghail Shakespeare, agus A' Bhana-dhiùc aig 'Shakespeare Live! bhon RSC', tachartas sònraichte a' comharrachadh an 400mh ceann-bliadhna bho bhàs Shakespeare far na chuir e iongnadh air an luchd-èisteachd le bhith a' cluich Hamlet ann an *To Be or Not To Be*.

Seirbheis a' Cho-fhlaitheis

Sa Mhàrt, bha Am Mòrachdan Rìoghail còmhla ris A' Bhànrigh agus Buill Inbheach an Teaghlach Rìoghaile airson Seirbheis Bhliadhnail Deas-ghnàthach a' Cho-fhlaitheis ann an Abaid Westminster. 'S e amas Latha Deas-ghnàthach a' Cho-fhlaitheis a bhith a' comharrachadh aonachd, iomadachd is ceanglaichean a' Cho-fhlaitheis nuadh agus a bhith ag altraim tuigse nas fheàrr air euchdan is dreuchd a' Cho-fhlaitheis, gu sònraichte am measg dhaoine òga. 'S e an Deas-ghnàth an comharrachadh ioma-chreideimh as motha san Rìoghachd Aonaichte. B' e cuimseachadh seirbheis na bliadhna-sa 'Co-fhlaitheas a' Brosnachadh Sìth.'

Air an fheasgar sin bha Am Mòrachdan Rìoghail a' riochdachadh A Mòrachd na Bànrigh aig Cuirm Cho-fhlaitheis ann an Taigh Marlborough, air aoigheachd Rùnaire Coitcheann a' Cho-fhlaitheis. Thug a' chuirm cothrom dha na Mòrachdan Rìoghail agus dha riochdairean dùthchannan a' Cho-fhlaitheis a thighinn còmhla airson luachan roinnte de shìth, deamocrasaidh is co-ionannachd a' Cho-fhlaitheis àrdachadh agus iomadachd bheairteach na buidhne a chomharrachadh.

Geàrr-chunntas air Teachd a-Steach is Caiteachas

Tha an Sgrùdadh Bliadhna a' toirt a-steach na bliadhna suas gu 31 Màrt 2017 agus tha e ag amas air cunntas a thoirt air obair is dreuchdan Am Mòrachdan Rìoghaile.

Tha fiosrachadh ann mu obair oifigeil, deas-ghnàthach is charthannach Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn, mu an tursan tron RA agus air feadh an t-saoghail, agus prìomh staitistearachd Taighe – a' gabhail a-steach dàta ionmhasail is àrainneachail.

Tha an dàta ionmhasail cuideachd a' toirt a-steach cosgaisean oifigeil Diùc is Bana-dhiùc Chambridge is a' Phrionnsa Harry, ris a bheil Prionnsa na Cuimrigh an urra.

Ged nach eil dreuchd fhoirmeil bhun-reachdail ann dha Oighre a' Chrùin, tha Prionnsa na Cuimrigh, le taic bho mhnaoi, Bana-dhiùc na Còirn, a' feuchainn ri nas urrainn dha a dhèanamh gus cùisean a leasachadh san RA agus gu h-eadar-nàiseanta. Faodar an dòigh sa bheil A Mhòrachd Rìoghail a' dèanamh seo a roinn ann an dà phàirt: a' gabhail os làimh dreuchdan oifigeil Rìoghail mar thaic dhan Bhànrigh agus às leth A Riaghaltasan, agus le bhith a' toirt taic dha cùisean carthannach is catharra a tha ag adhartachadh deagh thoraidhean sòisealta is àrainneachail.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu gach pàirt de dhreuchdan is obair Am Mòrachdan Rìoghail aig princeofwales.gov.uk.

SÒNRACHAIDHEAN

A-MUIGH TIMCHEALL

Gus taic a thoirt dha A Mòrachd, A' Bhànrig, bidh Prionnsa na Cuimrigh agus Bana-dhiùc na Còirn a h-uile bliadhna a' tadhal air bailtean mòra, bailtean beaga is clachain air feadh Bhreatainn is Èirinn a Tuath airson soirbheachadh is euchdan a chomharrachadh, agus gus brosnachadh a thabhann. Am-bliadhna, thadhail Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc air 43 siorrachdan is air 78 bailtean mòra, bailtean beagan is clachain. Chunnaic Am Prionnsa agus A' Bhana-dhiùc obair ionmholta buidhnean carthannais is iomairtean coimhearsnachd agus thadhail iad air fèisean, gnothachasan is taisbeanaidhean ionadail.

Poundbury

San Dàmhair 2016, bha Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn còmhla ris A' Bhànrig is Diùc Dhùn Èideann air turas gu Poundbury. Bha seo airson crìoch Ceàrnag Màthair na Bànrigh a chomharrachadh agus thàinig mìltean de luchd-taic gun t-subhachas nuair a bha A Mòrachd a' toirt ìomhaigh de Mhàthair na Bànrigh, a rinn an snaigheadair, Philip Jackson, am follais. B' e àm sònraichte a bha seo ann am beatha Poundbury; leudachadh bailteil gu Dorchester a chaidh a thogail a rèir nam prionnsabalan dealbhachaidh a mhol Prionnsa na Cuimrigh.

Thòisich obair air Poundbury ann an 1993 le beachd a bhith a' cruthachadh ceàrn bailteil de Dhorchester a bheireadh prìomhachas dha daoine, seach chàraichean, agus far am biodh togalaichean malairteach measgaichte le ceàrnaidhean còmhnaidheach is goireasan cur-seachad airson coimhearsnachd choiseachd a chruthachadh. An-diugh tha 3,000 neach a' fuireach ann am Poundbury le measgachadh de thaigheadas prìobhaiteach is ruigsinneach. Tha a' choimhearsnachd a' toirt cosnadh do 2,100 neach agus na dachaigh do 185 gnothachasan.

“Tha mi a' faireachdainn gu bheil buinteanas agam do choimhearsnachd a chionn 's gu bheil mi a' fuireach ann am Poundbury. 'S urrainn dhomh coiseachd gu m' àite-obrach, cafaidhean is taighean-bidhe. 'S ann am Poundbury a tha prìomh bhùth a' ghnìomhachais agam agus tha deich bùithtean eile againn san RA mar sin is tric a bhios mi sa chàr. Tha e uabhasach cudromach dhomh nach bi mi a' cur feum air a' chàr nuair a bhios mi aig baile. Cha bhithinn airson fuireach an àite sam bith eile a-nis. 'S math leam am measgachadh de thaighean is gnìomhachasan a bhios a' tarraing measgachadh de dhaoine agus tha a' bhallrachd agam den PRA (Poundbury Residents Association) a' leigeil leam aithne a chur air muinntir Poundbury gu tric.” Kate Atkinson, Neach-seilbh, Bridal Reloved

Devon & A' Chòirn

San Iuchar, shiubhail Diùc is Bana-dhiùc na Còirn (mar a dh'aithnichear iad sa Chòirn) dhan Chòirn gus dleastanasan a ghabhail os làimh air Leth-eilean an Iar Dheis. Air a' chiad latha thadhail Am Mòrachdan Rìoghail ann am Penzance far na dh'fhosgail A Mòrachd Rìoghail talla ath-leasaichte St John agus a dh'fhosgail A Mhòrachd Rìoghail Amar-snàimh an Iubailidh, a chaidh a leasachadh an dèidh milleadh stoirme sna bliadhnaichean roimhe. An uairsin chaidh Am Mòrachdan Rìoghail gu Theatre Minack, a tha suidhichte air mullach nan creag aig Porthcurno, airson taisbeanadh a mhealtainn anns an robh earrannan bho 'A *Mid-Summer Night's Dream*' le Britten agus '*Lighthouse Keeper's Lunch*'.

An dèidh sin thadhail A Mòrachd Rìoghail air Ionad Blue Plaque Dualchas Shasainn gus ionnsachadh mu mar a thathas a' dèanamh nan soidhnichean ìomhaigheach sin le làimh agus dh'fheuch i fhèin ri tè a pheantadh. An ath latha chaidh An Diùc is A' Bhana-dhiùc gu Port Isaac airson coinneachadh ri buill den choimhearsnachd ionadail; cleasaichean a' phrògram telebhisein Doc Martin'; an còcaire ainmeil, Nathan Outlaw; agus buill *Ideas Partnership*, ris na choinnich A Mòrachd Rìoghail an toiseach nuair a bha i air Chuairt Oifigeil sna Balkans.

An uair sin chaidh Am Mòrachdan Rìoghail gu Cathair-eaglais Exeter airson frithealadh Fèill Bidhe *Taste of the West*, a thachairt ri buannaichean na bliadhna agus fhritheil iad an 25mh seirbheis comharrachaidh Hospice Cloinne an Iar Dheis a bha a' gabhail àite sa Chathair-eaglais fhèin. Air an latha mu dheireadh aca thadhail Diùc na Còirn air MVV *Environment Devonport Ltd* gus ionnsachadh mu lùth thùsaireach bho obair sgudail, mus do choinnich e ri sgiobachd seirbheis agus an teaghlach aig HMNB Devonport.

A' Chuimrigh

San Ògmhios, bha Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn còmhla ris A' Bhànrigh is Diùc Dhùn Èideann airson Còigeamh Seanadh Nàiseanta na Cuimrigh fhosgladh aig an Senedd ann an Cardiff, far an robh iad an làthair cuideachd aig cuirm dha Buill an t-Seanaidh. Ghabh Anne Denholm, Clàrsair Oifigeil Prionnsa na Cuimrigh pàirt sa chuirm.

Nuair a bha Am Mòrachdan Rìoghail air an cuairt bhliadhnail sa Chuimrigh san Iuchar, dh'fhosgail Prionnsa na Cuimrigh an àrainn ùr einnseanaireachd aig Oilthigh Swansea, leasachadh ùr air làrach àlainn ri taobh na mara a chaidh a dhealbhadh ann an co-bhuinn ri Bunait a' Phrionnsa Airson Coimhearsnachd a Thogail. Thadhail Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd air coimhearsnachdan, factaraidhean, eaglaisean, pubaichean is tallaichean baile air feadh na Cuimrigh, bho Aberdaron, aig fìor bhàrr Llyn Peninsula ann an ceann a tuath na Cuimrigh, gu Swansea sa cheann a deas.

Chùm am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc feasgar fèisteis còmhla ri Colaiste Rìoghail Ceòl agus Dràma na Cuimrigh ris am bi A Mhòrachd Rìoghail a' cur a thaic, far an robh fàilte air daoine bho air feadh na Cuimrigh, san dachaigh Cuimreach aca, Llwynywermod, faisg air Llandoverly ann an Siorrachd Carmarthen. B' e cuspair na h-oidhche obair Roald Dahl, a' foillseachadh cùl-taic Bana-dhiùc na Còirn dha comharrachadh ceud-bliadhna an ùghdair a rugadh ann an Cardiff.

50mh Ceann-bliadhna Lèir-sgrìos Aberfan

Nas fhaide dhan bhliadhna air 21mh Dàmhair, thadhail A Mhòrachd Rìoghail air Aberfan airson an 50mh ceann-bliadhna de lèir-sgrìos Aberfan, a bha a' cumail cuimhne air na 116 chloinne is 28 inbhich a chaidh a mharbhadh nuair a thuit pàirt de mhèinn guail air muin Bun-sgoil Pantglas ann an 1966, a fhrithéaladh. Choinnich Am Prionnsa ri pàrantan cuid den chloinn a chaill am beatha, agus ri feadhainn a fhuair às, luchd-sàbhalaidh is ceannardan coimhearsnachd. Chàraich e blàth-fhleasg sa chladh far a bheil na mairbh air an adhlacaidh, chuir e craobh sa ghàrradh cuimhneachaidh air làrach na sgoile agus bha e an làthair aig cuirm dhan choimhearsnachd far na lìbhrig e teachdaireachd bho A Mòrachd, A' Bhànrighe.

Alba

B' e bliadhna thrang dhleastanasan a bha seo air feadh na dùthcha le, am measg thachartasan eile, Seirbheis Eaglaiseil Pàrlamaid na h-Alba an dèidh nan Taghaidhean sa Chèitean, agus cuirm dha BPA agus oifigearan, gu turas gu HMS Prince of Wales, an dara seòrsa de bhàta-cogaidh Queen Elizabeth a thathas a' togail ann an Ros Fhìobha.

San Lùnastal, bha An Diùc is Bana-dhiùc Baile Bhòid (mar a dh'aithnichear iad ann an Alba) le chèile aig Geamannan Gàidhealach Bhealadair agus Gleann Dè a' dol am feabhas an dèidh tuiltean uabhasach na Bliadhn'Ùire. San Dàmhair, chaidh A Mhòrachd Rìoghail gun Mhòd Nàiseanta Rìoghail, farpais chultarach Ghàidhlig, ann an Steòrnabhagh.

Ghabh Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd os làimh grunn dhleastanasan ann an Dùn Èideann is mu thimcheall a' sealltainn, am measg rudan eile, ris an taisbeanadh de dh'aodach fichte, '*From Harris to Paris*'. Mar neach-taice Abbeyfield, thadhail Diùc Baile Bhòid air Taigh Viewlands ann am Peairt, mar phàirt den 60mh ceann-bliadhna den charthannas, agus choinnich e ri luchd-obrach ann am Margaret Morrison Sporrans.

Chaidh A Mhòrachd Rìoghail air turas goirid plèana gu Eilean Bhòid a thadhail air Bute Fabrics, far na choinnich e ri fògarraich à Aleppo ann an Syria, cuid den chiad fheadhainn a chaidh a thoirt a-steach le ùghdarras ionadail san RA.

Thadhail Diùc Baile Bhòid cuideachd air tuathanas-èisg, *Marine Harvest* aig Loch Lìobhainn a fhuair teisteanas bhon *Aquaculture Stewardship Council* airson a chàileachdan àrainneachail. An dèidh làimh chùm e coinneamh le riochdairean gnìomhachais.

Ghabh Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd os làimh grunn thursan gu Taigh Dhùn Phris agus an Oighreachd.

“Bha buaidh mhòr aig Taigh Dhùn Phris air slàinte nan sgoilearan san Ionad Taic Ionnsachaidh. Tha na tadhalan seachdaineach stèidhichte a-nis sa chlàr-oide againn agus air dòchasan agus miannan nan sgoilearan a thogail. Chan eil a' bhuaidh air slàinte chorporra agus an tuigse air gnothaichean a thaobh bidhe is seasmhachd ach nam pàirt de na tha na daoine òga a' cosnadh an lùib nan tadhalan aca. Tha àrainn àlainn Gàrradh Foghlaim Taigh Dhùn Phris air leigeil leis na sgoilearan obair a dhèanamh air àireamhachas agus litearras ann an àite socair, sìtheil.” Ann Barbour, Ionad Taic Ionnsachaidh Acadamaidh Chumnag air Prògram Foghlam air Biadh

“Tha m' obair-sa anns na gàrraidhean aig Taigh Dhùn Phris air leigeil leam mo shlighe-obrach a leasachadh, trèanadh a dhèanamh agus teisteanasan RHS ann an gàirneilearachd a chosnadh.” Kris Muir, Neach-obrach na h-Oighreachd

Èirinn a Tuath

Ann an Èirinn a Tuath, ghabh Am Mòrachdan Rìoghail os làimh tachartasan ann an caochladh àitean. Dh'fhosgail Prionnsa na Cuimrigh ionad tèarainteachd coimpiutaireachd ann am Beul Feirste agus caibeal ath-leasaichte Clèireach, a tha a-nis na ionad ealain ann am Portaferry ann an County Down. Thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air factaraidh *Ulster Carpets* agus air delicatessen *Yellow Door* ann am Portadown, County Armagh. Chaidh A Mhòrachd Rìoghail an uairsin gu *Museum of Orange Heritage* ann an Loughgall, a tha ag innse sgeulachd stèidheachaidh an Òrdugh Orainds. Tha an t-ionad air pàirt den mhaoineachadh fhaighinn bho Riaghaltas na h-Èireann, agus chaidh Heather Humphreys, Ministear Cultar is Dualchas na h-Èireann còmhla ri Prionnsa na Cuimrigh air a' chuairt. Thadhail Bana-dhiùc na Còirn air leth air Companaidh Leann-ubhal Armagh.

Aig Caisteal Hillsborough chùm Prionnsa na Cuimrigh coinneamhan leis a' Phrìomh Mhinistear a bha ann an uairsin agus leis an Iar Phrìomh Mhinistear, Arlene Foster agus le Martin McGuinness, nach maireann. Chaidh e cuideachd cuairt mun taigh agus mun oighreachd airson an obair leasachaidh a bha a' gabhail àite, fo stiùir Am Mòrachdan Rìoghail agus Lùchairtean Rìoghail Eachdraidheil, fhaicinn.

Chùm Am Mòrachdan Rìoghail consairt cuideachd ann an Caisteal Hillsborough, aig an robh aoi ghean à Poblachd na h-Èireann agus Èirinn a Tuath, agus riochdairean bho raon farsaing de bhuidhnean. A' gabhail pàirt bha an dibhearsanaiche Tim McGarry, Buidheann Ceòl

Dùthchais Rèisimeid Rìoghail na h-Èireann, Ceòlchruinne Clàrsaich DIT bho Sgoil Chiùil is Dhràma Baile Àtha Cliath agus earrann à Opara Bheul Feirt Nèill Mhàrtainn air a sheinn le Bruno Caproni.

Ann an Lunnainn, bha Prionnsa na Cuimrigh aig cuirm solaraichean bidhe Èirinn a Tuath aig Fortnum and Mason airson biadh à Èirinn a Tuath a thoirt gu aire dhaoine.

Cuideachd tron bhliadhna rinn Prionnsa na Cuimrigh clàradh sònraichte den bhàrdachd *'The Shipping Forecast'* aig Seamus Heaney airson Latha Nàiseanta na Bàrdachd a chomharrachadh. Bidh a' bhàrdachd na pàirt de chlàraidhean nàiseanta aig ionad ùr luchd-turais ann am baile Heaney, Bellaghy, ann an County Londonderry.

"Tha A Mhòrachd Rìoghail eòlach air cho cùramach 's a dh'fheumar a chuid thadhalan a dh'Èirinn a Tuath a chumail, agus is math leis gu bheil cothrom aige a chur ri spèis, fulangas agus co-obrachadh." Fionnuala Jay-O'Boyle, Fo-fhlaitheachd Bhéal Feirste

CUAIRTEAN RÌOGHAIL THALL-THAIRIS

Bidh Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn a' dol a-null thairis gach bliadhna le iarrtas bho Riaghaltas Bhreatainn gus ceanglaichean na RA thall-thairis a leasachadh agus a dhìon.

Poblachd na h-Èireann

Thadhail Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn air Poblachd na h-Èireann sa Chèitean 2016, air iarrtas bho Riaghaltas Bhreatainn. B' e an turas an dara turas oifigeil a rinn Am Mòrachdan Rìoghail gu Poblachd na h-Èireann an a' togail air cho soirbheachail 's a bha Tursan Stàite na Mòrachd, A' Bhànriugh gu Poblachd na h-Èireann sa Chèitean 2011 agus cuairt Ceann-suidhe na h-Èireann gun RA sa Ghiblean 2014.

Ann am baile Dùn nan Gall chomharraich Am Mòrachdan Rìoghail dualchas na sgìre le bhith a' tadhal air Magee's – companaidh ionadail a th' air a bhith a' dèanamh clò ann an Dùn nan Gall airson 150 bliadhna. Aig Institiud Teicneòlas Letterkenny, choinnich am Prionnsa ri tionnsganaich ionadail is dh'ionnsaich e barrachd mu prògraman thar chrìoch an institiud; aig a' cheart àm choinnich Am Mòrachd Rìoghail ri sgoilearan aig Sgoil Nàiseanta Ballyraine. Ghabh Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd cuairt mu ghàrraidhean àlainn Caisteal Glenveagh agus bhruidhinn iad ri clann a bha ag ionnsachadh mu cuid den obair ghèidhteachais a tha a' gabhail àite sa Phàirc Nàiseanta. Thug an turas aithne dhan chàirdeas bhlàth a tha eadar an RA agus Poblachd na h-Èireann, ag àrdachadh tuigse mun dualchasan fa leth agus a' comharrachadh an nì as fheàrr anns gach dùthaich fa leth.

“Tha an dàimh eadar Breatainn is Poblachd na h-Èireann a-nis nas fheàrr na bha i a-riamh agus tha an dàimh eadar na coimhearsnachdan air an eilean seo air atharrachadh gu mòr bho Aonta Sìth 1998. Tha seo cho follaiseach an seo 's a tha e ann an àite sam bith. Chan eil ach glè bheag buaidh aig a' chrìoch agus tha County Donegal, County Derry no Londonderry agus County Tyrone ag obrachadh mar aon eaconamaidh, rud a tha na bhuannachd mhòr dhan luchd-còmhnaidh. Chan urrainn dhomh ach a bhith a' moladh sluagh nan trì dùthchannan airson dearbhadh gun tèid aig coimhearsnachdan a th' air a bhith sgarichte airson ùine cho fada faighinn thairis air an trioblaidean agus beatha shìtheil is shoirbheachail a chruthachadh còmhla. Tha mi an dòchas gun tèid an eisimpleir a shuidhich sibh a leantainn ann an àiteachan eile san t-saoghal a th' air fulang bho uimhir a chòmhrag.” A Mhòrachd Rìoghail Prionnsa na Cuimrigh aig Institiud Teicneòlais Leitir Ceanainn, Dùn nan Gall, Èirinn.

Turas gun Ear Mheadhanach

A' comharrachadh Com-pàirteachaidhean agus ag adhartachadh cothroman is tròcair

San t-Samhain 2016, le iarrtas bho Riaghaltas Bhreatainn, ghabh Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn os làimh còrr air leth-cheud dleastanas ann an seachd làithean rè an tursan oifigeil gu Sultanate Oman, gu na United Arab Emirates agus gu Rìoghachd Bhahrain. Bha Tobias Ellwood BP, Ministear na Stàite airson an Ear Mheadhanaich is Afraga aig Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis còmhla ri Am Mòrachdan Rìoghail.

Bha an turas airson com-pàirteachas na RA sa cheàrnaidh sin adhartachadh –ann am prìomh roinnean mar ceadachas creideimh, co-obrachadh armailteach, boireannaich ann an ceannas, cothroman òigridh agus glèidhteachas fiadh-bheatha.

Tron turas chùm Prionnsa na Cuimrigh còmhraidhean le Ceannardan Stàite, nam measg am Prionnsa Sultan Qaboos bin Said al Said, Sultan Oman; A Mhòrachd Sheikh Mohammed bin Zayed Al Nahyan, Prionnsa a' Chrùin Abu Dhabi agus Leas Àrd Cheannard United Arab Emirates; A Mhòrachd Sheikh Mohammed bin Rashid Al Maktoum, Riaghladair Dubai; A Mhòrachd Sheikh Sultan bin Mohammed Al-Qasimi, Riaghladair Sharjah agus, A Mhòrachd Hamad bin Isa Al Khalifa, Rìgh Bhahrain.

Fhuair Bana-dhiùc na Còirn aigheachd bho dhaoine cudromach san àite, nam measg Bana-phrionnsa Haya, bean Riaghladair Dubai. Thug Sheikha Fatima, màthair A Mhòrachd Sheikh Mohammed bin Zayed Al Nahyan (Prionnsa a Chrùin Abu Dhabi), a th'air a h-ainmeachadh cuideachd mar Màthair na Dùthcha aigheachd dha Bana-dhiùc na Còirn, rud a tha na onair tearc. Ann am Bahrain, thug bean an Rìgh, Bana-phrionnsa Sabeeka, aigheachd dhan Bhana-dhiùc aig Àrd Chomhairle nam Ban.

Turas Earraich

A' neartachadh ceanglaichean Eòrpach ann an Romania, san Eadailt, sa Bhatacan agus san Ostair

Am-bliadhna, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air Romania, An Eadailt, Am Bhatacan agus An Ostair le iarrtas bho Riaghaltas Bhreatainn. Eadar an 29mh agus an 31mh den Mhàrt, an t-àm a th' air a ghabhail a-steach sa sgrùdadh bliadhnail seo, thadhail Prionnsa na Cuimrigh air Romania agus thàinig Bana-dhiùc na Còirn còmhla ris ann am Florence airson a' chiad latha den turas san Eadailt. Chomharraich an turas ceanglaichean na RA leis na dùthchannan seo, a thaobh co-obrachadh sòisealta, armailteachd agus miann cur às do thrafaigeadh.

Ann an Romania, bhruidhinn A Mhòrachd Rìoghail ri Ceann-suidhe agus Prìomh Mhinistear na dùthcha, agus ghabh e os làimh grunn dhleastanasan gus cudromachd dualchas cultarach na dùthcha a chomharrachadh a thuilleadh air eachdraidh bheairteach Romania ann an

ailtearachd is obair ciùird. Rinn Prionnsa na Cuimrigh cuideachd ùmhlachd aig Carragh-cuimhne Nàiseanta na dùthcha, mus do choinnich e Ceann-suidhe Romania, Klaus Iohannis.

Thòisich Am Mòrachdan Rìoghail an turas san Eadailt ann am Florence, far na thadhail iad air Institiud Bhreatannach Florence gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh a 100mh ceann-bliadhna. Chaidh an institiud cultarach a stèidheachadh ann an 1917 airson dàimhean eadar Sasainn is an Eadailt àrdachadh agus tha sin a' leantainn san latha an-diugh tro iomadh chùrsaichean a' teagasg inbhich is clann.

Tha Bana-dhiùc na Còirn na neach-tagraidh stèidhichte air litearrachd agus thadhail i air clann a bha ag ionnsachadh Beurla san institiud, ris a bheil Prionnsa na Cuimrigh air a bhith cumail taic airson suas ri 30 bliadhna. Thug A Mòrachd Rìoghail seachad taghadh de leabhraichean dha na leughadairean òga airson a bhith gan sgrùdadh.

BANA-DHIÙC NA CÒIRN

“Tha a’ Bhana-dhiùc a’ cur ris an iomairt airson stad a chur air an tost an lùib fòirneirt san dachaigh.” Sandra Horley, Àrd-oifigear, Refuge

Cuirm airson Droch Dhìol san Dachaigh agus Pròiseact Baga Cùraim

B’ ann an dèidh turas Bana-dhiùc na Còirn gu *Safe Lives*, buidheann carthannais coisrigte gu crìoch a chur air droch dhìol san dachaigh, san Fhaoilleach 2016 a thuig A Mòrachd Rìoghail gun robh i airson cuideachadh ann an dòigh air choreigin. San Iuchar 2016, chùm a’ Bhana-dhiùc cuirm ann an Taigh Chlarance a thug ùrlar dha prìomh luchd-earrainn, daoine bhon riaghaltas, luchd-cleachdaidh is feadhainn a thàrr às a thighinn còmhla gus dòighean fhaighinn air beatha dhaoine a bh’ air fulang a leasachadh agus crìoch a chur air droch-dhìol san dachaigh.

San t-Sultain 2016, lean A Mòrachd Rìoghail leis an obair seo le bhith a’ tadhal air *Refuge*, an solaraidhe as motha san dùthaich airson seirbheisean sàbhaladh-beatha dha boireannaich is dha clann a tha a’ fulang bho fhòirneart san dachaigh agus ainneart ghnèitheach eile. Choinnich a’ Bhana-dhiùc ri tuilleadh dhaoine a bh’ air fulang agus ri saor-thoilich agus dh’èist i ri an sgeulachdan. An uairsin, sa Ghearran, thadhail a’ Bhana-dhiùc air *Women’s Aid*, caidreachas am measg an t-sluaigh a tha a’ tabhann seirbheisean sàbhalaidd agus, còmhla ri *Refuge*, a tha a’ dèiligeadh ri loidhne-cuideachaidh nàiseanta airson droch-dhìol san dachaigh 24 uairean a thìde san latha.

Am-bliadhna, chomharraich A Mòrachd Rìoghail clach-mhìle chudromach eile san roinn seo. Chaidh pròiseact a’ Bhaga-nighe a bh’ air tòiseachadh mar sgeama dearbhaidh ann an 2011 a chleachdadh mu dheireadh gu nàiseanta. Tha an sgeama a’ toirt бага-nighe de stuthan glanaidh dha feadhainn a th’ air fulang èigneachadh is droch-dhìol ghnèitheach airson a chleachdadh an dèidh an deuchainn phearsanta, a tha tric doirbh a ghiùlain. Thòisich an sgeama dearbhaidh aig trì *Havens*, ann an Lunnainn a tha nan Ionadan cuideachaidh SARC airson lonnsaighean Gnèitheach agus an dèidh cho soirbheachail ’s a bha e dh’aontaich an companaidh meidigeach Boots, a tha stèidhichte ann an Nottingham, ri suas ri 13,000 бага-nighe a thoirt seachad gach bliadhna agus an sgaoileadh gu na 49 buidhnean SARC tron Rìoghachd Aonaichte.

“Fhuair eadhon deagh mholaidhean an luchd-cleachdaidh a thaobh nam pocannan nighe. Bidh e a’ cur iongnadh air cuid gu bheil iad ri fhaighinn – agus cuid ag ràdh ‘Mo chreach, an ann domhsa a tha seo?’ agus ‘Am faod mi na nithean gu lèir a chumail?’ ‘S ma dh’fhaoidte nach eil àite-fuirich aig cuid de na daoine seo – mar sin dheth tha na pocannan nighe seo air leth cudromach dhaibh.” Jo Delaforce, Matron, The Havens

“Tha sinn air leth taingeil gun d' fhuair sinn cothrom coinneachadh ris a' Bhan-diùc agus gun d' fhuair sinn fiathachadh don taigh aice airson leithid a thachartas iongantach. Tha e follaiseach gu dè cho còir agus coibhneil 's a tha a' Bhan-diùc agus cho measail 's a tha i air a' chloinn, a bha cho cofhurtail na cuideachd. Bidh an latha seo nar cuimhne gu bràth.”
Sophie Dziwinski, Roald Dahl's Marvellous Children's Charity

“Tha sinn fada an comain na Bana-dhiùc agus na buidhne luchd-fulaing airson an cuid ùine a chur seachad a' rannsachadh buaidh fòirneirt san dachaigh. 'S e àm cràidhteach agus eagalach a th' ann agus tha an t-uabhas neirt an lùib a bhith ag aithris an cuid eachdraidh. Tha e na thlachd mòr gun coinnich Bàna-dhiùc na Còirn riutha agus gum faigh i a-mach barrachd mu na tha sinn a' dèanamh airson dèiligeadh ri fòirneart san dachaigh.” Diana Barran, Àrd-oifigear, SafeLives

500 Facal

Thug a' Bhana-dhiùc taic dha farpais sgrìobhaidh cruthachail 500 Facal BBC Radio 2 airson na dara bliadhna le bhith na Breitheamh Urramach. Tha a' cho-fharpais a' toirt cuireadh dha clann bho aois còig gu 13 sgrìobhadh ficsein a chruthachadh ann an 500 facal no nas lugha. Sa Chèitean, bha A Mòrachd Rìoghail aig cuairt dheireannach 500 Facal ann an taigh-cluich *Globe* Shakespeare ann an Lunnainn far an tug i seachad buinn òir dha na sgrìobhadairean òga a bhuannaich aig craoladh beò Prògram Bracaist Chris Evans air Radio 2. Ann an òraid thuirt A Mòrachd Rìoghail: *“Tha mi an dòchas gun lean an fheadhainn a ghabh pàirt san fharpais bhrosnachail seo a' mealtainn cumhachd nam facal agus a' snìomh lainnir sgeulachdan mar a rinn Shakespeare”*.

Roald Dahl 100

Mar Neach-taice dha Roald Dahl 100, bliadhna subhachais air feadh na dùthcha airson ceud ceann-bliadhna aon de na h-ùghdaran cloinne as mùirnichte ann am Breatainn, choinnich a' Bhana-dhiùc ri clann a bha a' gabhail pàirt ann am bùth-obrach bhàrdachd aig an Eaglais Nirribheach agus mheal i taisbeanaidhean brosnachaidhean le Dahl aig Ionad na Mìle Bliadhna ann an Cardiff, san Iuchar. Dhealbhaich A Mòrachd Rìoghail *Dream Jar* ann am Pàirc Naomh Sheumais mar phàirt den ealain phoblach *BFG Dream Jar Trail*, stèidhichte air a dòchas gum bu chòir gach pàiste leughadh ionnsachadh agus tlachd fad-beatha a thogail ann an leabhraichean. An dèidh sin chaidh an *Dream Jar* a reic aig rup airson airgead a thogail airson *Marvellous Children's Charity* Roald Dahl.

Latha Eadar-nàiseanta nam Ban

Chùm Bana-dhiùc na Còirn cuirm ann an Lùchairt Bhuckingham airson Latha Eadar-nàiseanta nam Ban a chomharrachadh sa Mhàrt 2017. Tha a' Bhana-dhiùc na Ceann-suidhe air Fèis Ionad Bhoireannaich an t-Saoghail ann an Southbank, a tha air fàs gu bhith na lìonra cruinne de fhèisean a' cumail taic ri co-ionannachd ghnè, a' comharrachadh euchdan bhoireannaich is chlann-nighean agus a' sgrùdadh nan cnapan-starra a tha a' cur bacadh orra bho bhith a' coileanadh an comasachd. A-nis san t-seachdamh bliadhna tha WOW a' ruighinn faisg air dà mhillean neach thairis air còig mòr-thìrean. Bha boireannaich ainmeil bhon bheatha nàiseanta aig an tachartas, nam measg a' bhana-chleasaiche, Gillian Anderson; an t-ùghdar, Kathy Lette agus an tionnsganaiche, Karren Brady.

Sàr Chompanaidh Luchd-fiona

San Fhaoilleach, bha Bana-dhiùc na Còirn còmhla ri buill de luchd-fiona, *Worshipful Company of Vintners'* aig Talla Vinters'ann an Lunnainn, airson a stèidheachadh mar *Liveryman* urramach den Chompanaidh ro bhith an làthair sa Chùirt airson cuirm. 'S e *Vintners' Company*, a fhuair a chiad Chùmhnant sgrìobhte 1363, aon de na *Twelve Great Livery Companies* ann am baile Lunnainn agus ann an 2013 chomharraich an Companaidh a 650mh ceann-bliadhna. Ann am ballrachd na Companaidh tha còrr air 500 *Freeman* agus *Liveryman*. Tha ceanglaichean dlùth aig a' Chompanaidh ri Buidheann Fion-liosan na Rìoghachd Aonaichte far bheil a' Bhana-dhiùc air a bhith na Ceann-suidhe bho 2011.

Dachaigh Chait is Choin Bhattearsea a' faighinn neach-taic ùr

Thadhail a' Bhana-dhiùc air Dachaigh Chait is Choin Bhattearsea, Lunnainn, san t-Sultain airson Ospadal ùr bheat agus Ionad Sàr-mhathas fhosgladh. Bidh na goireasan ùra gan cleachdadh airson trèanadh leudaichte, a-muigh is a-staigh, agus airson aoigheachd a thoirt dha buidhnean mòra de luchd-turais nàiseanta is eadar-nàiseanta. An dèidh sin san Fhaoilleach, thadhail a' Bhana-dhiùc air Dachaigh Chait is Choin, Old Windsor, agus chaidh a h-ainmeachadh mar an Neach-taice ùr Rìoghail, a' gabhail a-null bho A Mòrachd, A' Bhàn-rìgh.

An dèidh fàilte fhaighinn bho freiceadain chon chaidh a' Bhana-dhiùc cuairt air taighean nan cat agus nan con agus choinnich i ri luchd-obrach sa chlionaig a-staigh. Bha na coin sàbhalaich aice fhèin, Beth agus Bluebell, cuideachd aig an ionad agus chaidh toirt air Beth a dhol tron chùrsa sùbailteachd.

CEADACHAS CREIDEIMH

Smuain an Latha

San Dùbhlachd, fhuair Prionnsa na Cuimrigh cuireadh Smuain an Latha air BBC Radio 4 a libhrigeadh. A' gabhail treas aithisg *Aid to the Church In Need* gu geur-leanmhainn cràbhach mar chuspair, libhrig Am Prionnsa teachdaireachd agus chaidh a roinn air Seirbheis Chruinne a' BhBC.

Mar thoradh air a' chraoladh seo chaidh an Ìomhaigh Chuimhneachaidh a bhuileachadh air a' Phrionnsa le Comataidh Eadar-nàiseanta Auschwitz airson an fheadhainn a tha a' toirt taic dha cuimhneachadh agus dha saoghal fosgailte dha beachdan ùra is ceadachas. Chaidh teachdaireachd a' Phrionnsa a chlàradh cuideachd airson *Aid to the Church In Need*.

Comataidh Eadar-nàiseanta Auschwitz

Thug Comataidh Eadar-nàiseanta Auschwitz Ìomhaigh '*Statue of Remembrance*' dhan Mhòrachd Rìoghail airson a chuid obrach ann a bhith a' bruidhinn an aghaidh geur-leanmhainn cràbhach agus gràin-lùdhaich. Roimhe seo chaidh an duais a thoirt dha daoine leithid Pàp Francis, Ban Ki-moon, Àrd-rùnaire nan Dùthchannan Cèin, Seansalair Poblachd Feadarail a' Ghearmailt agus Ceann-suidhe Israel, nach maireann. B' e fear a thàrr à Auschwitz a thug seachad e aig cuirm a chùim A Mhòrachd Rìoghail ann an Lùchairt Naomh Sheumais airson Urras Latha Cuimhneachaidh an Holocaust far a bheil e na Neach-taice.

Eaglais Cheart-chreidmheach Syria

San t-Samhain 2016, choilean Prionnsa na Cuimrigh a ghealltanais dha coitheanal Eaglais Cheart-chreidmheach Syria le bhith an làthair aig coisrigeadh na dachaigh ùir spioradail aca san RA, Cathair-eaglais Naomh Thòmais ann an Acton, Lunnainn.

Anns an t-seirbheis thug Àrd Easbaig eaglais Cheart-chreidmheach Syria san RA taing dhan Phrionnsa airson a mhisneachd agus a dhìlseachd ann a bhith a' bruidhinn a-mach airson Chrìosdaidhean a th' air an geur-leanmhainn san Ear Mheadhanach. Dh'ainmich e e mar "Phòl na 21mh linne" airson oidhirpean dìcheallach a' dìon còir Chrìosdaidhean gus a bhith ag adhradh ann an àite-breith na Crìosdaidheachd agus cuideachd airson a dhleastanas ann a bhith a' brosnachadh co-thuigse eadar chreideamhan.

"Tha e uabhasach brosnachail, nuair a tha buill Eaglais Cheart-chreidmheach Siria ann an Siria agus Ioràc a' fulang gu dona, gu bheil cothrom aig an Eaglais Shiridhich leudachadh agus a dhol am meud. Tha coisrigeadh ur n-Àrd-eaglais mar chomharra gu bheil dòchas againn airson an àm ri teachd." Òraid le A Mhòrachd Rìoghail Prionnsa na Cuimrigh aig

seirbheis choisrigidh Àrd-eaglais Naomh Thòmais, Eaglais Cheart-chreidmheach Shiria,
Acton, Lunnainn

BUIDHNEAN CARTHANNAIS

“Bhithinn fhèin air cumail orm ag adhbharachadh cron dhomh fhèin gun mòran dòchais airson an àm ri teachd mura b' e an taic a fhuair mi aig Urras a' Phrionnsa. An coimeas ri sin, tha mi a-nis sona, sòisealta agus a' dèanamh fiughair mhòr ris na h-ath cheumannan nam bheatha.” Michelle Brown, Neach Òg Urras a' Phrionnsa

Airson còrr air 40 bliadhna, Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith na cheannard ann an comharrachadh feum charthannach agus a' suidheachadh bhuidhnean. Bho ciad làithean Urras a' Phrionnsa ann am meadhan nan 1970an, tha ùidh ann an cùisean carthannach air fàs gun ìre 's gu bheil na buidhnean carthannais aige a' riochdachadh raon farsaing de bheachdan, a' gabhail a-steach Àrainneachd Thogte, na h-Ealain, Gnothachas is Iomairt Cunntachail, Daoine Òga, Seasmhachd Chruinneil agus Cùisean Dùthchail.

A' libhrigeadh toraidhean tro bhith ag ùrachadh dòighean-obrach

Tron bhliadhna, chaidh sgrùdadh a ghabhail os làimh airson cumadh is structairean Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa a mheas. Bidh na sgrùdaidhean sin a' gabhail àite bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil na carthannasan a libhrigeadh nan sochairean as motha dha na daoine airson an deach a stèidheachadh. An dèidh an sgrùdaidh neo-eisimeilich bha co-labhairt ann an Taigh Dhùn Phris far an robh na buidhnean carthannais air fad air an riochdachadh.

Sa bhliadhna ri thighinn thathas an dùil gun cruthaich cuid de na buidhnean carthannais dàimhean nas dlùithe ri chèile no gun tèid iad an ceann a chèile gus an obraich iad nas èifeachdaiche, agus gluaisidh feadhainn eile gus a bhith nam buidhnean nas neo-eisimeiliche le inbhe *Royal Founding Patronages*. Mar bhuidhnean neo-fhoirmeil Carthannasan a' Phrionnsa ùrachadh mean air mhean san àm seo.

A thuilleadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na buidhnean carthannais ag obrachadh cho èifeachdach 's a ghabhas, nì na h-atharrachaidhean sin cinnteach gun cuir iad ri bhith a' togail dìleab de obair euchdachd airson mòran bhliadhnaichean ri teachd, fhad 's a bhios iad a' dèanamh cinnteach gum bi feumalachdan nan dìleabach gan coinneachadh.

Tha Am Prionnsa dìoghrasach mun iomadh cùis ga bheil e a' toirt taic agus leanaidh e air a' toirt taic dha na eileamaidean carthannais sin a tha dlùth dha chridhe. Tha e a' creidsinn gu bheil na h-atharrachaidhean sin deatamach airson gum bi buannachd sheasmhach aig an fheadhainn ri bheil sin a' buntainn san ùine fhada.

Taigh Dhùn Phris – Ag obair dhan choimhearsnachd ionadail

Tha Taigh Dhùn Phris air a bhith uabhasach trang. Sa Ghiblean 2016, dh'fhosgail A Mhòrachd Rìoghail Pàillean Gàrradh Ballaichte Bànrigh Ealasaid agus an Rùm Teatha a chrìochnaich oileanaich Bunait a' Phrionnsa airson Coimhearsnachd a Thogail. San Ògmhios chaidh com-pàirteachas ùr, fiùghantach a chruthachadh eadar Conservatoire Rìoghail na h-Alba agus Taigh Dhùn Phris agus air a' mhìos seo cuideachd ghabh A Mhòrachd Rìoghail ùine airson an ioma-slighe ùr aig Taigh Dhùn Phris fhosgladh gu h-oifigeil.

San t-Sultain dh'fhosgail A Mhòrachd Rìoghail drochaid ùr air an oighreachd gus coisichean a chuideachadh a' faighinn gu Arboretum.

Tha e air a bhith na lèirsinn aig A' Phrionnsa o chionn fhada gum bu chòir dha Taigh Dhùn Phris a bhith na chuideachadh dhan choimhearsnachd ionadail agus san t-Sultain, dh'fhosgail A Mhòrachd Rìoghail Talla Baile Cumnag Nuadh às ùr. Chleachd an talla a bhith na ionad airson choinneamhan is buidhnean coimhearsnachd ach bha e air tuiteam às a chèile agus air a chomharrachadh airson a leagail ann an 2015. Dh'iarra A Mhòrachd Rìoghail air Taigh Dhùn Phris an ath-leasachadh is an ath-nuadhachadh a ghabhail os làimh, a rèir a lèirsinn a thaobh ath-nuadhachadh dualchasach agus mu thràth tha a' choimhearsnachd ionadail air leth measail air an togalach a th' air ùr fhosgladh.

***In Kind Direct* a' Comharrachadh a 20mh Ceann-bliadhna**

Tha buidheann charthannais Prionnsa na Cuimrigh, *In Kind Direct* a' comharrachadh a 20mh ceann-bliadhna am-bliadhna. Bidh *In Kind Direct* a' sgaoileadh stuthan a tha saothraichean is ceannaichean a' toirt seachad gu buidhnean carthannais na RA a tha ag obair gu h-ionadail is thall-thairis. Tha buidhnean carthannais na RA a' cur feum air iomadh seòrsa bathair gus an seirbheisean dha daoine feumach a chuideachadh, mar eisimpleir, brèidean dha teaghlaichean òg, feumach, siampù is siabann frasair dha seann dhaoine a tha leotha fhèin agus aodach blàth dha daoine gun dhachaigh.

Gu ruige seo, tha *In Kind Direct* air bather luach £170 millean, a thoirt seachad, bho còrr air 1,000 companaidh-tabhairt, dha còrr air 8,500 caidreachas carthannach. Tha e air seo a choileanadh le bhith a' leasachadh com-pàirteachas fad-ùine le companaidhean na RA is companaidhean cruinneil a' gabhail a-steach Amazon, P&G, Colgate-Palmolive, ASDA, Kimberly-Clark, Disney, Johnson & Johnson agus mòran eile. Tha *In Kind Direct* cuideachd ag adhartachadh seasmhachd ann an saoghal de stòran crìochnach is tha buaidh chumhachdach, phractaigeach is àrainneachail aige, a' cur bacadh air stuthan sàbhailte, feumail bho bhith air an tiodhlacadh fon talamh.

“Bha e caran iomagaineach a bhith a' smaoinichadh air a bhith ag obair air mo cheann fhèin an dèidh ùine mhòr air Sochair Teachd A-steach. Bha e riatanach dhomh gun robh

cuideigin ann a bheireadh taic agus brosnachadh dhomh agus chuir e iongnadh orm aig m' aois-sa gun robh buidheann ann aig an robh ùidh annam fhèin agus nam shlighe-obrach! Bha mi den bheachd gun robh PRIME Cymru airson 's gun soirbhicheadh leam – agus b' iongantach sin.” Nicola à Maesteg, air PRIME Cymru (*The Prince's Initiative for Mature Enterprise in Wales*), carthannas a stèidhich Prionnsa na Cuimrigh ann an 2001 airson taic fastaidh a thoirt do dhaoine nas sine.

“Tha na goireasan riatanach a fhuair sinn bho In Kind Direct air leigeil leinn dà uiread de chùrsaichean a libhrigeadh. Tha seo air 60 daoine òga a chuideachadh a bhitheadh air an toirmeasg bhon sgoil. Tha In Kind Direct a' dèanamh Kent nas sàbhailte.” Bryn Price, Kent People's Trust

Urras a' Phrionnsa – A' toirt seachad £1.4 billean sna deich bliadhna mu dheireadh agus daoine òga a' fulang strì

Tha rannsachadh ùr bho Urras a' Phrionnsa a' sealltainn gu bheil daoine òga fo strì uabhasach ann an saoghal neo-chinnteach. Dhèilig an t-Urras ri seo le bhith a' cleachdadh comharrachaidhean a 40mh cheann-bliadhna gus barrachd dhaoine na roimhe a ruighinn. Ann an 2016/17 thug an carthannas taic dha faisg air 57,500 neach òg le triùir no ceathrar a' coileanadh deagh thoradh ann am foghlam, cosnadh no trèanadh. Uile gu lèir bho 1976, tha an t-Urras air 870,000 neach òg a chuideachadh le bhith a' dèanamh diofar dham beatha.

San Iuchar, choinnich Prionnsa na Cuimrigh ri daoine òga nuair a bhathas a' cur Ionad Bhristol de Urras a' Phrionnsa air bhog. Bha na daoine òga an sàs ann an seisean STEM (saidheans, teicneòlas, innleadaireachd is matamataig) leis an Tosgaire, Màidsear Tim Peake CMG. Air an aon latha, dh'fhoillsich an t-Urras gun robh e air £1.4 billean cruinn a chur ri sòisealtas thar na deich bliadhna mu dheireadh.

San Fhaoilleach, thadhail Am Prionnsa air Colaist Baile Leicester, far na choinnich e ri daoine òga air prògraman *Achieve and Mosaic*. Bha an t-àm seo na chomharrachadh air *Mosaic* a chur ri Urras a' Phrionnsa, a' neartachadh is a' leudachadh farsaingeachd a phrògraman dha daoine òga. A thuilleadh air sin leudaich Urras Eadar-nàiseanta a' Phrionnsa a chuid obrach agus thòisich e a' dèanamh diofar susbainteach is seasmhach ann an dùthchannan cho fad às ri Barbados agus Astràilia.

Tha Urras a' Phrionnsa cuideachd a' leudachadh a ruigsinneachd tro meadhanan didseatach. A thuilleadh air a bhith a' cur ceudan mhìltean de dhaoine òga an sàs tro shianalan nam meadhanan sòisealta, tha e air tòiseachadh a libhrigeadh a thabhartas Iomairt tro Urras a' Phrionnsa Air-loidhne, sianal ùr ionnsachaidh is comhairleachaidh. Bheir seo cothrom dhan Urras barrachd dhaoine a ruighinn, feadhainn a dh'fhaodadh, às aonais, cothrom a chall a bheireadh atharrachadh air am beatha.

“Tha an stiùireadh a thug Urras a’ Phrionnsa dhomh air a bhith riatanach. Tha iad air adhbhar a thoirt dhomh agus air leigeil leam mo bheachd-smuain a chur an gnìomh, rud a tha air mo bheatha atharrachadh gu tur.” Faye Savory, Neach Òg Urras a’ Phrionnsa

***Turquoise Mountain* – Com-pàirteachas ùr le Bunait Aung San Suu Kyi ann am Burma**

Chuir A Mhòrachd Rìoghail *Turquoise Mountain* air chois ann an 2006 airson obraichean a chruthachadh ann an Afganastan, le bhith cuir air dòigh sgìre eachdraidheil ann an Kabul, Murad Khane. Tha obair air atharrachadh bhon uairsin ag ath-bheothachadh àiteachan eachdraidheil, coimhearsnachdan is ciùird traidiseanta ath-bheothachadh, a’ cruthachadh obraichean agus sgìlean is a’ toirt toileachas dhan fheadhainn a bha an sàs ann. Thòisich an obair ann an Afghanistan agus a-nis tha e a’ toirt a-steach pròiseactan ann an Saudi Arabia agus Burma.

Bho 2006, tha *Turquoise Mountain* air 113 togalaichean eachdraidheil ath-leasachadh, air còrr air 5,000 neach-ciùird a chuideachadh, air prìomh thaisbeanaidhean air feadh an t-saoghail fhoillseachadh, air leigheis a thoirt dha còrr air 100,000 euslainteach, air ceudan oileanaich a cheumnachadh bho Institiud *Turquoise Mountain* agus air còrr air £5 millean a thoirt a-steach ann an reic eadar-nàiseanta dha luchd-ciùird air feadh an t-saoghail.

Am-bliadhna, leudaich *Turquoise Mountain* obair ann an Afghanistan, le bhith a’ cur iomairt dìon cultarach luach £2.5 millean air bhog.

Ann am Burma, choilean an carthannas pròiseact ath-leasaichte ann am Baile Eachdraidheil Yangon agus thòisich e air ath-nuadhachadh a dhèanamh air togalach sònraichte Turasachd Bhurma.

Ag obair còmhla ri Bunait Aung San Suu Kyi tha a’ phròiseact air trèanadh a thoirt dha luchd-ciùird agus air dualchas chultarach Bhurma a dhìon. Ann an Saudi Arabia, tha an carthannas air a bhith ag obair le còrr air 500 neach-ciùird, boireannaich sa mhòr-chuid, gus cuideachadh le ath-bheothachadh Obair-chiùird Saudi. Tha an obair aca mu thràth air ùidh a thogail air feadh na roinne, a’ toirt buannachd dhìreach dha luchd-ciùird is dhan sgìlean.

Am-bliadhna cuideachd, dh’fhosgail an taisbeanadh, *Turquoise Mountain: Artists Transforming Afghanistan*, aig Smithsonian, far a bheil cairteal a mhillean neach-turais air tadhal mu thràth.

Maoin Dùthchail a’ Phrionnsa a’ cur a Phrògram ùr Sùbailteachd air bhog

Stèidhich A Mhòrachd Rìoghail Maoin Dùthchail a’ Phrionnsa ann an 2010 mar fhreagairt dha na dùbhlain fàsail a bha mu choinneamh coimhearsnachdan dùthchail agus roinn bheag tuathanas teaghlaich a’ fulang bho strì eaconamach.

Le tuathanachas tric cho riatanach dha mòran de choimhearsnachdan dùthchail, tha a' Mhaoin ag amas air atharrachadh cudromach a libhrigeadh dhan Dùthaich Bhreatannach aig ìre bhunaiteach. Aig toiseach na bliadhna bha a' Mhaoin air taic a thoirt dha còrr air 200 pròiseact fa leth, a' cuideachadh le dòchasan gnothachas an tuathanachais, ag adhartachadh beathalachd eaconamach coimhearsnachdan dùthchail agus a' libhrigeadh cobhair aig amannan èiginneach.

San Iuchar 2016, chuir Prionnsa na Cuimrigh Prògram ùr Sùbailte an Tuathanais air bhog; tha seo ga chleachdadh thairis air còig deug àite san Rìoghachd Aonaichte. 'S e am prògram as motha a tha a' Mhaoin air a ghabhail os làimh a-riamh is e air adhartachadh tro fìor fheum – a' sealltainn ged a dh'fhaodas tuathanasan beaga a bhith cho soirbheachail ri feadhainn mhòra gum feum iad an cuideachadh ceart airson sin a choileanadh. Tha am prògram ag amas air gnothachasan beaga tuathanachais a tha “doirbh a ruighinn” agus tha e a' leantainn eisimpleir soirbheachail *Dairy Initiative* a' Phrionnsa, agus molaidhean bho rannsachadh ùr a rinn Oilthigh Exeter.

“Tha e na thoileachas mòr dhuinn gu bheil sinn air uiread de thaic fhaighinn bho Mhaoin Dhùthchail a' Phrionnsa. Tha an tabhartas seo air leigeil leinn a' bhùth againn a stèidheachadh airson a' choimhearsnachd againn a fhrithealadh anns na 20 bliadhna ri teachd.” Liz Morgan, Iar-chathraiche, Bùth Choimhearsnachd Marchington

NA FEACHDAN ARMAILTE

Tha dealas air Prionnsa na Cuimrigh is air Bana-dhiùc na Còirn le chèile airson taic a thoirt dha fir is mnathan Feachdan Armailte A Mòrachd, agus dhan teaghlaichean is an seirbheisean taice.

Comharrachaidhean Ceann-bliadhna an Somme

Ghabh comharrachaidhean na RA airson cuimhneachadh air Blàr an Somme àite air Disathairne 1 Iuchar 2016 aig a' chladh Bhreatannach ann an Thiepval, san Fhraing. San t-seirbheis leugh Prionnsa na Cuimrigh earrann à leabhar John Masefield, '*The Old Front Line*' agus chàraich e blàth-fhleasg air Crois na Iobairt a tha a-nis an seasamh ri taobh na th' air fhàgail de thrannsaichean aghaidh eachdraidheil na Gearmailt. An dèidh sin choinnich Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn ri clann-sgoile Breatannach is Frangach am measg uaighean an fheadhainn a chaill am beatha sa bhlàr.

Na b' fhaide dhen latha bha Am Mòrachdan Rìoghail aig cuirm aig Tùr Ulster faisg air làimh airson cuimhneachadh air an fheadhainn à Ulster a chailleadh aig Blàr an Somme.

An uairsin ghabh Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn pàirt ann an tachartas Canàidianach aig Beaumont Hamel, far na chàraich Am Prionnsa blàth-fhleasg agus far na rinn e leughadh ann am Beurla is ann am Fraingis. An dèidh na seirbheis chunnaic Am Mòrachdan Rìoghail an carragh-cuimhne Canàidianach airson siostaman nan trannsaichean bho gu h-àrd

Aig deireadh an latha chaidh Am Mòrachdan Rìoghail gu Cladh Armailteach Carnoy far na chuir A Mòrachd Rìoghail flùraichean air uaigh bràthair a seanar An Caiptean Harry Cubitt, a chaidh a mharbhadh ann an dara Blàr an Somme, aig aois 24.

Caismeachd is Cuirm Buinn Gurkha Rifles Rìoghail

Air Dimàirt an 14mh Màrt 2017, ann an Lùchairt Bhuckingham, bhuilich Prionnsa na Cuimrigh le A Mhòrachd Rìoghail Prionnsa Harry na Còirn 154 buinn obrachail air an dara Buidheann-catha, Gurkha Rifles Rìoghail an dèidh dhaibh tilleadh bho Operation Toral. Chomharraich an tachartas cuideachd 40mh ceann-bliadhna A Mhòrachd Rìoghail mar Phrìomh Chòirneal nan Gurkha Rifles Rìoghail.

An dèidh Caismeachd nam Bonn bha cuirm ann far na choinnich am Prionnsa Harry ri mòran a bha còmhla ris ann an Afghanistan ann an 2007 is choinnich e ri grunn Ghurkhas a chaidh a leòn sa chòmhrag ann an Afghanistan. Choinnich Prionnsa na Cuimrigh ri taghadh de sheann shaighdearan Gurkha is an teaghlaichean, nam measg feadhainn a bha an dùil Everest a

dhìreadh mar phàirt de *Gurkha 200 Everest Expedition*, far a bheil A Mhòrachd Rìoghail na Neach-taice.

4 Tighinn Dhachaigh nan Rifles

Sa Ghearran, bha a’ Bhana-dhiùc aig Caismeachd Tighinn Dhachaigh ann an Gearasdan New Normandy ann an Aldershot, Hampshire, dha saighdearan a' 4mh buidheann-catha, na Rifles, a bha air tighinn à Iraq o chionn ghoirid. B’ e a’ Bhuidheann-catha a’chiad aonad ann an arm Bhreatainn a chaidh gu Bunait Adhair Al Asad ann an roinn an iar Al Anbar. Ghabh A Mòrachd Rìoghail, a tha na Coirneal Rìoghail den Bhuidhinn-catha am Fàilteachadh aig a’ caismheachd agus an dèidh sin bha i an làthair aig cuirm dha saighdearan is an teaghlaichean. Na h-òraid thuirt a’ Bhana-dhiùc: “Anns na suidheachaidhean bu doirbhe tha sibh air ur sgil is ur spiorad àbhaisteach fhoillseachadh – ge bith dè mar a bha na suidheachaidhean – agus tha fios agam cuideachd gun dh’àrdaich ur nàdar dì-cheannsaichid seo! “Thadhail A Mòrachd Rìoghail cuideachd air teaghlaichean an fheadhainn a chaidh gu Iraq san t-Samhain.

Sàbaid Cuimhneachaidh

Air Didòmhnaich, an 13mh den t-Samhain, còmhla ri A Mòrachd, A’ Bhànrigh, agus Buill eile den Teaghlach Rìoghail fhrithheil Prionnsa na Cuimrigh Seirbheis Cuimhneachaidh, chàraich e blàth-fhleasg aig an Cenotaph agus sheas e airson 25 mionaidean a’ meòrachadh air na Mairbh Ghlòrmhor . An dèidh sin ghabh am Prionnsa Fàilteachadh nan Seann Shaighdearan aig Horse Guards Parade fhad ’s a bha 8,500 seann shaighdear a’ caismeachd bho Whitehall, Birdcage Walk agus an uairsin Horse Guards Road. An uairsin fhrithheil Am Prionnsa Sàbaid Reisimeadach nam Freiceadair Cuimreach aig Gearasdan Wellington.

AN ÀRAINNEACHD

“Ma tha sinn mar mhòr-choimhearsnachd gu bhith soirbheachail agus a’ mairsinn sna linntean ri teachd gun dochair sgriosail a dhèanamh air nàdar, feumaidh sinn na tha sinn a’ cleachdadh a lùghdachadh agus dòighean ùra a shireadh airson a bhith a’ com-pàirteachadh leis an t-saoghal a tha gar cumail beò.” Climate Change, A Ladybird Expert Book, le A Mhòrachd Rìoghail Prionnsa na Cuimrigh, Tony Juniper agus Emily Shuckburgh

An dèidh dha A Mhòrachd Rìoghail a bhith aig Co-labhairt 2015 nan Dùthchannan Aonaichte air Atharrachadh Gnàth-shìde ann am Paris, thairis air an dà mhìos deug mu dheireadh tha Prionnsa na Cuimrigh air leantainn air a’ toirt taic dhan fheum dheatamach a th’ ann gluasad gu eaconamaidh de ghualan ìosal. ’S e na daoine as bochda nar coimhearsnachdan air a bheil Atharrachadh Gnàth-shìde is ìsleachadh àrainneachail a’ toirt buaidh, agus tha A Mhòrachd Rìoghail air a bhith gnìomhach a’ comharrachadh na buaidh a th’ aig seo tro obair air *Circular Economy* gus dèiligeadh ris a’ phlàigh co-cheangailte ri gannrachadh plastaig; air dì-choillteachadh cruinneil agus air an call talmhainn a thig mar thoradh air; air àrdachadh clòimhe; agus tro oidhirpean le Comann Rìoghail na Speuradaireachd gus sgrìobhadh mun bhuidh eadar-cheangailte is àicheil a th’ aig tachartasan de shìde anabarrach.

Iomairt na Clòimhe

Chùm A Mhòrachd Rìoghail, Neach-taice Iomairt na Clòimhe, Co-labhairt Choisrigte Eadar-nàiseanta na Clòimhe aig Taigh Dhùn Phris san t-Sultain. Chaidh a’ Cho-labhairt a chur air chois airson misneachadh a thoirt dhan fheadhainn a bha air a bhith ag obair cho cruaidh airson inbhe is ìomhaigh na clòimhe a leasachadh sna bliadhnaichean mu dheireadh, agus airson feadhainn eile a bhrosnachadh gus a thighinn na lùib agus taic a thoirt seachad san àm ri teachd. Bha prìomh riochdairean bho margaid chruinneil na clòimhe an làthair, nam measg CEO Marks & Spencer, Steve Rowe, dealbhadair fasain cliùiteach an t-saoghail, Sir Pòl Mac a’ Ghobhainn; am modail is an neach-tionnsgain, David Gandy; agus an lùth-chleasaiche Oilimpigeach a fhuair bonn òir, Max Whitlock, a rinn gnàth-chùrsa ann an deise a dhealbhaich Sir Pòl Mac a’ Ghobhainn airson sealltainn cho sùbailte ’s a tha na snàthainnean. Dhùin a’ Cho-labhairt le soidhnigeadh Dearbhadh Taigh Dhùn Phris far an robh an fheadhainn a chuir an ainmean ris a’ gealltainn an oidhirpean, an ùine is an tàlant an a chleachdadh airson a bhith ag àrdachadh, ag oideachadh is a’ sparradh feartan nàdarra na clòimhe.

Co-labhairt Eadar-nàiseanta air Seasmhachd Aonad Dealbhachaidh Plastaig

Tha aonad Seasmhachd Eadar-nàiseanta (ISU) air a bhith ag obair còmhla ri buidhnean eile gus tuigse is freagairtean fhaighinn, airson na tha de phlastaig ga shadail dhan chuan. Thathas an-dràsta den bheachd gu bheil ochd millean tunna plastaig a' dol dhan chuan gach bliadhna bho ar n-eaconamaidh a tha a' dèanamh, a' cleachdadh is a' sadail às rudan. Tha fiadh-bheatha na mara is eag-shiostaman ann an cunnart bhon t-sruth leantainneach truailidh seo. Thug ISU, ag obair còmhla ri iomairt Gnothachas sa Choimhearsnachd A Mhòrachd Rìoghail, dealbhadairean ri chèile bho cuid de na comharran-malairt as motha air an t-saoghal còmhla ri proifeiseantaich air seasmhachd agus àrd luchd-gnìomha gus beachdachadh air mar a gheibhear air stuthan a dhealbhadh ann an dòighean nas fheàrr gus an tèid an cumail san eaconamaidh agus a-mach às a' chuan. Aig Co-labhairt Dealbhachaidh a' Phlastaig dh'èist Am Prionnsa ri beachdan àrd riochdairean chompanaidhean agus bha aonta ann gum feum luchd-earrainne bho gach pàirt de dh'obair phlastaig a bhith ag obair còmhla a dh'ionnsaigh siostam nas co-òrdanaichte, soilleire, sìmplidh is cunntachaile.

Co-labhairt Eadar-nàiseanta air Aonad Seasmhachd Còco

Air Diardaoin an 16mh Màrt, Thug Prionnsa na Cuimrigh ri chèile CEOan agus àrd riochdairean bho dhà-dheug de na companaidhean còco is seoclaid as motha air an t-saoghal gu coinneamh ann am meadhan Lunnainn. Gheall na companaidhean, a tha a' riochdachadh còrr air 80% de mhargaid còco an t-saoghail ri crìoch a chur air dì-choilltearachd agus ìsleachadh choilltean ann an sèine solarachd a' chòco.

Chaidh a' choinneamh agus an gealltanais a chur air chois le Aonad Seasmhachd Eadar-nàiseanta a' Phrionnsa, ag obair ann an com-pàirteachas le Bunait Chruinne a' Chòco agus le Iomairt Seasmhach na Malairt (IDH). Bha Ministearan à Ghana agus às an RA an làthair, còmhla ri àrd oifigearan bhon Òlaind, a' Ghearmailt, Nirribhidh agus àrd riochdairean bho bhuidhnean eadar-nàiseanta.

“S e seo an rud ceart airson iomadh adhbhar. Tha mi fad iomadh bliadhna air a bhith dealasach a thaobh coilltean-uisge tropaigeach an t-saoghail a dhìon. Tha iad deatamach, gu h-eadar-nàiseanta agus gu h-ionadail, a thaobh atharrachadh sìde. Ach 's e an t-adhbhar as cumhachdaiche, 's dòcha, gu bheil leagail nan coilltean na chunnart do ghnìomhachas a' chocoa fhèin, agus cosnaidhean nam milleanan de chroitèaran a tha an crochadh air, air sàillibh an atharrachaidh mhòir san t-side mar thoradh air call nan coilltean.” Beachdan Prionnsa na Cuimrigh aig a' choinneimh

Òrdugh Airidheachd Àiteachais na Frainge

Sa Mhàrt, fhuair A Mhòrachd Rìoghail, a tha na thuathanach e fhèin agus na neach-taice fad-ùine de choimhearsnachdan dùthchail, Òrdugh Airidheachd Àiteachais na Frainge – aon de àrd òrduighean na Frainge – airson a dhealas a thaobh leas choimhearsnachdan àiteachais, àrdachadh taobhan seasmhach àiteachais agus airson a bhith a’ dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde.

Eag-cheannard Cruinneil Atharrachaidh

Chaidh duais 2016 Eag-cheannardan Cruinneil Atharrachaidh airson “tabhartas mòr A Mhòrachd Rìoghail a thaobh dìon is gleidheadh agus a lèirsinn dhìoghrasach àrainneachail airson a’ chinne-daonna san àm ri teachd” a bhuileachadh air A Mhòrachd Rìoghail. Thug an duais aithne dha oidhirpean carthannach A Mhòrachd Rìoghail agus obair san roinne prìobhaidich a’ lorg fuasglaidhean dha dùbhlain àrainneachail an latha an-diugh, a’ comharrachadh gu sònraichte a chuid obrach co-cheangailte ri dìon choilltean-uisge is fiadh-bheatha. B’ i Livia Firth, Stèidhichte *Green Carpet Challenge*, aig Taigh Chlarence a thug an duais seachad.

“Bha draghan mòra orm mu chrìonadh gnìomhachas a’ bhainne ann an Alba agus bha mi fhèin agus companaidhean eile sa ghnìomhachas ann an Siorrachd Àir a’ feuchainn ri teachd a-steach ùr a lorg. Chuidich Iomairt Bainne a’ Phrionnsa mi le bhith a’ coimhead as ùr air a’ chompanaidh agam agus thòisich mi air na dòighean obrach againn atharrachadh. Thug sinn rudan ùra a-steach leithid ionaltradh mu seach, dh’fhosgail sinn bùth tuathanais ùr airson bainne a reic don mhòr-shluagh agus thug sinn bainne don sgoil chòcaireachd aig Taigh Dhùn Phrìs. ’S e an ath cheum gum bi sinn a’ sireadh teisteanas organach a leigeas leinn an tuathanas a neartachadh.” Bryce Cunningham, Com-pàirtiche, Iomairt Bainne a’ Phrionnsa

“Bu mhath leam taing a thoirt do Mhaoin Dhùthchail a’ Phrionnsa agus do Stiùirichean a’ Phrionnsa. Tha an cùrsa air aon de na rudan as fheàrr a rinn mi a-riamh. Bidh mi a’ cumail ann an co-luadar leis na caraidean agus gnìomhachasan air an do chuir mi aithne agus bheir iad stiùireadh dhomh às bith dè tha an dàn ann an saoghal an àiteachais. Tha susbaint a’ chùrsa air a bhith iongantach. Tha mi a’ faireachdainn nach eil càil ann nach do dh’ionnsaich sinn ach ma dh’èireas rudeigin tha mi eòlach air cuideigin a-nis a bheireadh freagairt dhomh.” James Nightingale, Riochdaire, Prògram Leasachadh Gnìomhachas Tuathanachais le Colaiste Bishop Burton

Leabhar Ladybird

An dèidh bruidhinn aig cuirm fosglaidh àrd choinneamh air Atharrachadh Gnàth-shìde Pharis san t-Samhain 2015, thòisich Prionnsa na Cuimrigh ag obair air stiùireadh den chuspair ann am Beurla shìmplidh. A' tuigsinn nach robh an ùine no an cothrom aig mòran dhaoine sgrùdadh a dhèanamh air saidheans is buaidh atharrachadh gnàth-shìde, dh'obraich Am Prionnsa còmhla ri dithis eòlaich an t-Oll. Tony Juniper agus an t-Oll. Emily Shuckburgh, gus leabhar goirid dealbhach a dhèanamh a tha a' còmhdach adhbharan airson atharrachadh gnàth-shìde agus mar a tha e co-cheangailte ri gnìomhan dhaoine agus ri na nithean ris am faod dùil a bhith againn ri linn, ri na dùbhlain a bheir seo dha daoine agus mu na dh'fhaodar a dhèanamh gus a' bhuidheas as miosa a sheachnadh.

Rinn sianar eòlaichean lèirmheas air an leabhar a rèir cùmhnantan co-cheangailte ri foillseachadh pàipearan saidheansail agus san Fhaoilleach 2017 chaidh foillseachadh le *Ladybird Books* mar phàirt den t-sreath-iùil ùr aca dha inbhich. Chaidh an leabhar gu liosta *best seller* an *Sunday Times*' an t-seachdain a dh'fhoillsicheadh e agus dh'fhuirich e an sin airson grunn sheachdainean. Ged a chaidh a dhèanamh gu sònraichte dha inbhich, chaidh an leabhar a sgrìobhadh cuideachd gus a bhith ruigsinneach is tarraingeach dha ùidh chloinne.

TEACHD-A- STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBACH 2016/17

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a tha gnìomhan oifigeil is prìobhaideach Prionnsa na Cuimrigh agus Bana-dhiùc na Còirn air am maoinachadh. Tha a' chuid mhòr den luchd-obrach agus de gnìomhan oifigeil is carthannach, a' gabhail a-steach oifisean oifigeil Diùc is Bana-dhiùc Chambridge agus Prionnsa Harry, air am pàigheadh à teachd-a-steach prìobhaideach A Mhòrachd Rìoghail bho Dhiùcachd na Còirn.

CUNNTAS TEACHD-STEACH IS CAITEACHAIS

Bliadhna gu 31 Màrt	2017 £000an	2016 £000an
Teachd a-steach is maoinachadh		
Diùcachd na Còirn	20,719	20,467
Tabhartas an Uachdarain	1,339	965
Roinnean Riaghaltais	461	470
Teachd a-steach is maoinachadh iomlan	22,519	21,902
Cosgaisean Oifigeil		
Dleastanasan oifigeil is obair charthannais	(9,092)	(9,130)
Oifis Lunnainn is àite-còmhnaidh oifigeil	(414)	(307)
Siubhal oifigeil air plèana agus trèana	(925)	(658)
Tursan thall-thairis is fastaichean armailteach	(461)	(470)
Còrr an dèidh cosgaisean oifigeil	11,627	11,337
Cosgaisean eile		
Cìs (le VAT)	(4,757)	(5,014)
Caiteachas neo-oifigeil	(3,098)	(2,754)
Caiteachas eile, a' gabhail a-steach caiteachas calpa is gluasad gu tasgaidhean is maoinachadh airson dleastanasan oifigeil Diùc is Bana-dhiùc Chambridge agus Am Prionnsa Harry	(3,529)	(3,249)
Airgead an còrr	243	320

TEACHD-A-STEACH AGUS MAOINEACHADH

Teachd a-steach agus Maoineachadh

(Iomlan £22.519m)

- Teachd a-steach bho Dhiùcachd an Còirn
- Maoineachadh bho Thabhartas an Uachdarain is Roinnean Riaghaltais

Income and Funding

(Total £22.519m)



- Income from Duchy of Cornwall
- Funding from the Sovereign Grant and Government Departments

Diùcachd na Còirn

£20.719 millean

Tha teachd-a-steach prìobhaideach Prionnsa na Cuimrigh a’ tighinn bho Dhiùcachd na Còirn, oighreachd anns a bheil seilbh àiteachais, malairteach is còmhnaidheach, a’ chuid mhòr dhiubh ann an Iar Dheas Shasainn. Tha màileid tasgaidh ionmhasail aig an Diùcachd cuideachd. Tha A Mhòrachd Rìoghail a’ cleachdadh a’ chuid mhòr de a theachd-a-steach bhon Diùcachd gus coinneachadh ri na cosgaisean poblach is carthannach aige fhèin, aig Bana-dhiùc na Còirn, aig Diùc is Bana-dhiùc Chambridge is aig Prionnsa Harry. Tha an teachd-a-steach air èirigh 1.2% an coimeas ris an-uiridh, a’ leantainn le fàs sheasmhach teachd-a-steach Diùcachd na Còirn thairis air an dà dheichead mu dheireadh. Gheibhear cunntasan bliadhnail Diùcachd na Còirn air-loidhne aig www.duchyofcornwall.org.

Maoineachadh Tabhartais na Bànrìghe

£1.339 millean

Tha Maoineachadh Tabhartais na Bànrìghe a’ còmhach dà roinn shònraichte de chosgaisean oifigeil a dh’èirich bho taic dhan Bhànrìgh mar Cheannard na Stàite. ’S iad sin Seirbheisean Seilbhe agus Siubhail. Tha cosgaisean siubhail airson dleastanasan oifigeil air èirigh £267,000. Tha am figear seo ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna a rèir nan dùthchannan air an tèid iarraidh air Am Mòrachdan Rìoghail tadhal às leth Riaghaltas na Mòrachd. Tha cosgaisean oifigeil co-cheangailte ri oifis Lunnainn agus ris an àite-còmhnaidh oifigeil air èirigh £107,000 mar a tha prògram

leantainneach ath-leasachaidh a’ dol air adhart. Tha a’ chaiteachas eile gu lèir dha Prionnsa na Cuimrigh, Bana-dhiùc na Còirn, Diùc is Bana-dhiùc Chambridge agus Prionnsa Harry a’ tighinn bho maoineachadh Diùcachd na Còirn mar a tha air a mhìneachadh gu h-àrd. Tha barrachd fiosrachaidh mu Tabhartas na Bànrìghe ri fhaighinn aig www.royal.gov.uk no gheibhear e bho Iar Rùnaire na Bànrìghe, Lùchairt Bhuckingham Lunnainn SW1A 1AA.

Roinnean Riaghaltais

£0.461 millean

Bidh Roinnean Riaghaltais a’ coinneachadh ri caiteachas Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn co-cheangailte ri luchd-obrach a th’ air am fo-fhastadh bho na Seirbheisean Armaichte agus cuid de chosgaisean chuirtean oifigeil thall-thairis a thathas a’ gabhail os làimh às leth Riaghaltasan Na Bànrìghe.

SGAOILIDHEAN GASAICHEAN TAIGH-GLAINNE

Bliadhna gu 31 Màrt	2017	2016*
Sgaoilidhean Co2	Tunnaichean	Tunnaichean
Cleachdadh cumhachd san oifis agus san dachaigh	155	162
Turasan oifigeil san RA agus turasan eile	964	894
Sgaoilidhean bhon dachaigh	1,119	1,056
Siubhal oifigeil thall-thairis	584	1,101

* 2016 chaidh na h-àireamhan a thòiseachadh as ùr air –faic na notaichean gu h-ìosal agus an aithisg ghualan airson tuilleadh fiosrachaidh.

Sgaoilidhean co2

(Tunnaichean)

- Siubhal oifigeil thall-thairis
- Siubhal oifigeil san RA agus gnothaichean eile
- Cleachdadh connaidh oifis agus taighe a-mhàin

CO₂e Emissions

(Tonnes)



- Overseas official travel
- UK official and other
- Office and domestic energy use

Tha sgaoilidhean an Teaghlach bho chleachdadh lùths air lùghdachadh 4% am-bliadhna. Nuair a thèid an cur còmhla ri sgaoilidhean bho siubhal oifigeil san RA, siubhal eile agus siubhal thall-thairis tha am figear iomlan air lùghdachadh 21%.

Bidh am figear iomlan airson sgaoilidhean ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna a rèir nan astaran a dh'iarraas Riaghaltas na Bànrìghe no Riaghaltas(an) Rìoghachdan eile na Bànrìghe air Am Mòrachdan Rìoghail siubhal. Thathas ag amas air na sgaoilidhean sin a lùghdachadh le bhith a' toirt gualan a thuilleadh air cosgaisean, tèarainteachd is àireamhachd a-steach dhan chùis nuair a thathas a' planadh airson siubhal.

Am-bliadhna, lean an Teaghlach a' cur airgead ann an lùth gualain ìosal le bhith a' cur a-steach an dara raon de chlàran grèine ann an Taigh Chlarence. Tha an dà chlàr comasach air còrr air 12kW de chumhachd a dhèanamh aig na h-uairean as àirde. Tha 100% den dealan a th' air a chleachdadh leis an Teaghlach agus 85% de lùth oifis is dachaigh air fad a-nise a' tighinn bho stòran ath-nuadhachail (a' gabhail a-steach dealan ath-nuadhachail agus Gas Uaine). Tha beagan nas lugha na leth dhen seo air a ghineadh le clàran-grèine, goileadairean bith-stuth agus pumpaichean teasa. Tha fiosrachadh a bharrachd anns a' phrìomh Aithisg air Seasmhachd.

Tha na sgaoilidhean air fad air an cothromachadh le bhith a' ceannach a-steach gu pròiseactan seasmhach coilltearachd.

CAITEACHAS

Caiteachas agus Cìs (Iomlan £22.276m)

- Caiteachas oifigeil
- Cìsean
- Caiteachas neo-oifigeil
- Caiteachas eile, a' gabhail a-steach caiteachas calpa is gluasad gu tasgaidhean is maoinachadh airson dleastanasan oifigeil Diùc is Bana-dhiùc Chambridge agus Prionnsa Harry

Expenditure and Tax (Total £22.276m)



- Official Expenditure
- Taxation
- Non-official expenditure
- Funding for the activities of The Duke and Duchess of Cambridge and Prince Harry, other expenditure including capital expenditure, and transfer to reserve

Dleastanasan oifigeil is gnìomhan carthannais

£9.092millean

Chaidh còrr air 57 sa cheud de theachd-a-steach Prionnsa na Cuimrigh bho Dhiùcachd na Còirn an dèidh cìs a thoirt dheth a chosg air dleastanasan oifigeil is carthannach.

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' fastadh co-ionannachd de 143 luchd-obrach gu dìreach. Dhiubh sin, tha 124.4 a' toirt taic dha Am Mòrachdan Rìoghail le gabhail os làimh dleastanasan oifigeil is gnìomhan carthannach, agus tha 18.6 dhiubh nan luchd-obrach pearsanta, gàrraidh is tuathanais. Tha an clàr

ann an earrainn an ‘Luchd-obrach’ a’ liostadh luchd-obrach a rèir roinn an Teaghlaich agus cuideachd a’ toirt seachad cosgais iomlan gach roinne, a’ gabhail a-steach tuarastalan agus caiteachas eile.

Maoineachadh Tabhartais na Bànrìghe: oifis Lunnainn is àite-còmhnaidh oifigeil £0.414 millean

’S e Taigh Chlarence oifis Lunnainn is àite-còmhnaidh oifigeil Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn. Thathar ga chleachdadh airson dìnnearan, cuirmean is coinneamhan oifigeil a thuilleadh airson oifisean luchd-obrach oifigeil Am Mòrachdan Rìoghail. Tha na prìomh rumannan, a th’air làr ìosal Taigh Chlarence, fosgailte dhan phoball bhon Lùnastal gu deireadh an t-Sultain gach bliadhna. Tha oifisean aig an Teaghlach cuideachd ann am pàirtean eile de Lùchairt Naomh Sheumais. Tha Tabhartas na Bànrìghe airson àitean-còmhnaidh oifigeil a’ coinneachadh ri cosgaisean gleidhidh Taigh Chlarence agus nan oifisean eile aig Lùchairt Naomh Sheumais.

Staitistearachd: Chaidh còrr air 57 sa cheud de theachd-a-steach Prionnsa na Cuimrigh an dèidh cìs a thoirt dheth a chosg air dleastanasan oifigeil is carthannach.

Maoineachadh Tabhartais na Bànrìghe: Siubhal oifigeil air plèana is trèana £0.925 millean

’S e pàirt chudromach de dhreuchd Prionnsa na Cuimrigh mar Oighre a’ Chrùin, còmhla ri Bana-dhiùc na Còirn, a bhith a’ toirt daoine còmhla sa RA, a bhith mar phuing chuimsichte airson beatha nàiseanta agus a bhith a’ riochdachadh na dùthcha thall-thairis. Tha seo a’ gabhail a-steach mòran siubhail a dh’fheumar a gabhail ann an dòigh a tha a rèir riatanasan èifeachdachd, tèarainteachd agus taisbeanaidh. Ann an 2016-17, shiubhail Am Mòrachdan Rìoghail còrr air 33,000 mìle gu, is bho, dleastanasan oifigeil san RA agus thall-thairis às leth an Rìaghaltais. B’ ann thall-thairis a bha mu leth de na mìltean a chaidh a shiubhal. Choinnich Tabhartas na Bànrìghe ris a’ mhòr-chuid de na cosgaisean siubhail gu dùthchannan nach eil san Rìoghachd, a’ tighinn gu £0.925 millean ann an 2016-17. Phàigh na dùthchannan sin fhèin a’ mhòr-chuid de chosgaisean-siubhail gu dùthchannan na Rìoghachd.

Tha am figear seo a’ gabhail a-steach nan cosgaisean caochlaideach a-mhàin airson cuairtean air Scudron 32, Heileacoptair na Bànrìghe agus air an Trèana Rìoghail. Tha seo air sgàth gu bheil na cosgaisean stèidhichte ge bith an e am plèana no an trèana a thèid a chleachdadh agus nach ann bho cuairtean sònraichte a tha iad ag èirigh. Airson mìneachadh iomlan faic Aithisg Bhliadhnail Tabhartas na Bànrìghe 2016-17 aig www.royal.gov.uk.

Thàinig 1,090 tunna de sgaoilidhean ghasan taigh-glainne bho siubhal oifigeil. Taobh a-staigh seo thàinig 584 tunna bho siubhal thall-thairis.

Cuairtean thall-thairis agus fo-fhastaidhean armailteach**£0.461 millean**

Tha Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis a' coinneachadh ri cosgaisean cuairtean oifigeil thall-thairis Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn (ach a-mhàin cosgaisean-siubhail, a tha maoinneachadh Tabhartas na Bànrìghe airson siubhal oifigeil air plèana no trèana) a' pàigheadh.

Tha dithis bhall bho Oifis an Luchd-cuideachaidh agus aon Oifigear riaghailteach ga fo-fhastadh bho na Feachdan Armilteach gus cuideachadh a thoirt dha Prionnsa na Cuimrigh is dha Bana-dhiùc na Còirn le an dleastanasan oifigeil.

Cis**£4.757 millean**

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' pàigheadh cis-cosnaidh gu saor-thoileach air còrr Diùcachd na Còirn an dèidh caiteachas oifigeil a thoirt air falbh, a' cleachdadh riaghailtean àbhaisteach cis-chosnaidh aig ìre 45 sa cheud agus a' pàigheadh cis air a' chosnadh eile air fad agus buannachdan calpa mar neach sam bith eile. Tha an £4.757 millean a' gabhail a-steach VAT. Ma thèid tabhartasan Àrachas Nàiseanta fastaichean is Cis Comhairle a chur ris àrdaichidh an iomlanachd gu £5.5 millean.

Staitistearachd: Tha Prionnsa na Cuimrigh a' pàigheadh cis-cosnaidh gu saor-thoileach air còrr Diùcachd na Còirn an dèidh caiteachas oifigeil a thoirt air falbh, a' cleachdadh riaghailtean àbhaisteach cis-chosnaidh aig ìre 45 sa cheud.

Caiteachas neo-oifigeil**£3.098 millean**

A thuilleadh air a bhith a' pàigheadh airson dleastanasan oifigeil Prionnsa na Cuimrigh, Bana-dhiùc na Còirn, Diùc is Bana-dhiùc Chambridge agus Prionnsa Harry, airson cuid de ghniomhan carthannais agus buailteachdan cise a' Phrionnsa tha an teachd-a-steach bho Dhiùcachd na Còirn ga chleachdadh airson coinneachadh ri caiteachas neo-oifigeil Prionnsa na Cuimrigh is a Theaghlaich.

Tha caiteachas neo-oifigeil a' gabhail a-steach cosgaisean co-ionannachd de 8.3 luchd-obrach pearsanta a' gabhail a-steach rùnairean pearsanta, còcairean is gillean-coise làn-ùine. A thuilleadh air sin tha co-ionannachd de 10.3 luchd-obrach oighreachd, tuathanais, gàrraidh is stàbaill làn-ùine ann. Tha caiteachas pearsanta cuideachd a' gabhail a-steach roinn iomchaidh de chosgaisean Taigh Highgrove ann an Siorrachd Ghloucester agus Birkhall air Oighreachd Baile Mhoireil ann an Alba, agus de ghleidheadh na h-oighreachd is a' ghàrraidh aig Highgrove. 'S e maoin luachmhor charthannach a th' anns a' ghàrradh agus an-uiridh thadhail còrr air 39,500 neach air, a' togail còrr air £660,000 dha cùisean carthannach.

Tha cosgaisean Tuathanas na Dachaigh, tuathanas organaig a' Phrionnsa fhèin air Oighreachd Highgrove air an gabhail a-steach fon cheann seo. 'S e tuathanas obrachail a th' ann an Tuathanas na Dachaigh a chaidh a stèidheachadh le Prionnsa na Cuimrigh gus buannachdan malairteach is àrainneachail tuathanachas organaig is seasmhach fhoillseachadh. Thadhail mu 900 neach air an-uiridh.

LUCHD-OBACH

LUCHD-OBACH

Aig agus sa bhliadhna gu 31 Màrt		
Prìomh Rùnaire Prìobhaideach is Luchd-taice	3.0	
Oifis nan Rùnairean Prìobhaideach		
Rùnaire Prìobhaideach	1.5	
Iar is Leas Rùnairean Prìobhaideach	5.6	
Luchd-rannsachaidh is Rianachd	14.9	
Litrichean	4.0	
Goireasan Daonna	7.0	
Rùnairean Gluasadach	2.0	
	38.0	3,080
Roinn an Ionmhasair		
Ionmhasair is Luchd-taice	4.0	
Ionmhas	7.6	
Tasglann is Clàr-seilbhe	5.8	
	17.4	1,532
Conaltradh		
Rùnaire Conaltraidh agus Cuidichean	2.6	
Iar agus Leas Rùnairean Conaltraidh	2.0	
Oifigearan Conaltraidh agus Coinneamhan Didseatach	5.0	
	9.6	760
Roinn Maighstir an Dachaigh		
Maighstir an Dachaigh agus Cuidichean	4.5	
Seirbheisean Pearsanta	1.0	
Co-òrdanaichean Prògram is Siubhal	4.6	
Buidealair	1.3	
Còcaire agus luchd-obrach na Cidsin	4.8	
Seirbheisichean	5.7	
Fàilteachas	1.0	

Aig agus sa bhliadhna gu 31 Màrt		
Dràibhearán	3.0	
Manaidsearan Taighe agus Luchd Banas-taighe	9.9	
Luchd sgeadachaidh	2.5	
Gàrradairean is Luchd-obrach na h-Oighreachd	21.1	
	59.4	3,720
Luchd-obrach oifigeil iomlan aig 31 Màrt 2017	124.4	9,092

AG OBAIR DHAN TEAGHLACH

Tha Teaghlach Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn a' toirt cosnadh dha daoine thar speactram leathann dhreuchdan is sgilean a bhios a' cuideachadh Am Mòrachdan Rìoghail le coileanadh an dreuchd fhaicsinneach anns a' bheatha phoblaich. Mar fhastaiche, tha an Teaghlach dealasach às leth a luchd-obrach agus ann a bhith a' brosnachadh fàs is soirbheachadh taobh a-staigh na buidhne. Tha an Teaghlach air fàilte a chur air còmhnaidheachdan, greisean gnìomhachais agus tadhal sgoiltean, gus tuigse nas fheàrr a thoirt seachad mu bheatha obrach taobh a-staigh na buidhne sgairteil seo.

CARTHANNASAN A' PHRIONNSA

Airson 50 bliadhna tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith na cheannard ann an comharrachadh feum charthannach agus ann a bhith a' stèidheachadh is a' cur air adhart buidhnean carthannach gus coinneachadh ri seo. Tha Prionnsa na Cuimrigh a' gabhail os làimh dusain dhleastanasan gach bliadhna mar thaic dha bhuidhnean carthannais. Gu h-iomlan thog Carthannasan a' Phrionnsa £170 millean gus beatha dhaoine atharrachadh is coimhearsnachdan seasmhach a thogail san RA agus thall-thairis.

'S e aon de bhuidhnean carthannais Prionnsa na Cuimrigh Bunait Charthannach a' Phrionnsa (PWCF), a stèidhich Prionnsa na Cuimrigh ann an 1979. Tha prothaidean bho bhathar 'Waitrose Duchy Organic' agus Highgrove, agus bho chuidhean nan gàrraidhean aig Highgrove, air an toirt dhan Bhunait. Tha a' bhunait mar bhuidheann tabhartais a tha a' cur taic ri raon farsaing de chùisean agus mar ghuradair dha iomairtean is phròiseactan.

Tha Prionnsa na Cuimrigh cuideachd air bunaithean carthannach a stèidheachadh ann an Astràilia, Canada, Romania agus ann an Stàitean Aonaichte Ameireagaidh.

Airson fiosrachadh a bharrachd fhaighinn tadhal air: www.princeofwalescharitablefoundation.org.uk